

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
2026

Comharra



X832/75/01

Nàiseanta 5

DICIADAIN, 29 GIBLEAN

9:00 M – 10:40 M

Gàidhlig
Leughadh

Gàidhlig Reading



* X 8 3 2 7 5 0 1 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas anns an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Na toir air falbh stuthan deuchainn sam bith. Feumaidh tu an leabhran seo fhàgail air an deasg agad; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

 Teisteanasan Alba
Qualifications Scotland



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Uilebheistean

Nuair a chluinneas tu am facal ‘uilebheist’ cò air a bhios tu a’ smaoinachadh? Beathach mòr, grànda a chruthaich *Frankenstein*? Creutair mòr mar *Jaws* a bhios ag ithe bhàtaichean agus a h-uile càil nam broinn? Tha ‘uilebheist’ a’ ciallachadh diofar rudan do dhiofar dhaoine. Tha filmichean agus prògraman TBh air buaidh a thoirt air beachdan dhaoine air ‘uilebheist’, ach tha seann stòiridhean agus beul-aithris à diofar dhùthchannan air na beachdan seo a bhrosnachadh cuideachd.

’S ann às na beanntan Himalaya ann an Nepal a tha aon de na stòiridhean as ainmeile mu uilebheist, no mar a bha aig muinntir na dùthcha air, *Yeti*. Ann an 1925, nochd aithris bho fhear-togail deilbh a bha air turas mòr dha na beanntan seo. Thuit e gum faca e ‘uilebheist’ faisg air *glacier* aig àirde 15,000 troigh. Às dèidh dha fhaicinn, sgrìobh e gun robh an ‘uilebheist’ ‘gun cheist sam bith’ coltach ri duine a thaobh a chumadh agus mar a bha e a’ coiseachd gu slaodach air a dhà chois. Bha e a’ seasamh àrd, dìreach agus mhothaich an neach-camara mar a stadadh e an-dràsta ’s a-rithist gus greimeachadh air lusan mar gun robh e a’ sireadh bìdh. Bha a choltas dorcha an aghaidh an t-sneachda ach gu h-annasach bha e rùisgte, ach le bian molach. Bha e beagan nas motha ann an leud agus àirde na duine sam bith a chunnaic am fear-togail deilbh roimhe agus b’ e seo a chuir eagal a bheatha air agus ‘gaoir tro a chnàmhan’. Fiù ’s ron àm sin — beagan ’s ceud bliadhna air ais — bha stòiridhean mu bheathaichean mòra a chaidh fhaicinn le luchd-siubhail nam beann. Ach bha iad gun chomas fianais agus dearbhadh fhaighinn. Mar sin bha diofar bheachdan mu dè cho fìor ’s a bha cuid de na cunntasan, gu h-àraid cunntasan bho dhaoine nach buineadh do Nepal.

Ach le leasachadh ann an teicneòlas-camara tràth anns na 1950an, thog Eric Shipton (a bha aig an àm a’ feuchainn ri Everest a dhìreadh) dealbhan de lorgan-coise mòra anns an t-sneachda. Dearbhadh mu dheireadh thall! Rinn luchd-eòlais sgrùdadh orra agus thuit iad gun robh na lorgan-coise fada ro mhòr a bhith aig duine ach cha b’ urrainn dhaibh a ràdh le cinnt gu dè a bh’ annta. Thuit iad cuideachd nach deach na dealbhan a thogail le foill — rud a thug barrachd taic dha stòiridhean mu uilebheist. Nuair a shreap Edmund Hilary Everest, thuit esan gum faca e lorgan-coise coltach ris an fheadhainn a chunnaic Shipton. Tha e coltach gun robh stòiridhean mu bheathach annasach ann am beul-aithris ach cha b’ ann gus an deach an dealbh aig Shipton a thogail a chaidh aire an t-saoghail a bheò-ghlacadh leis an *Yeti*. Ann an 2007 chaidh falt a lorg le lorgan-coise eile. Le adhartas ann an saidheans dhearbhadh rannsachadh DNA nach b’ ann le beathach aithnichte a bha e ach le ‘beathach’ nach deach a lorg riamh roimhe.

Tha sgeulachdan mu bheathach mòr annasach ceangailte ri Alba cuideachd. Tha diofar chunntasan a’ dol air ais gu na 1920an mu ‘Am Fear Liath Mòr’ a bhuineas do Bheinn MhicDhuibh a tha aig cridhe nam monaidhean àrda faisg air An Aghaidh Mhòir. ’S e beinn uaigneach, chlachach a th’ innte agus tha cuid ag ràdh gu bheil faireachdainn os-nàdarrach ma deidhinn — rudan a bhios a’ neartachadh nan sgeulachdan. Coltach ris an *Yeti*, tha diofar aithrisean mun Fhear Liath Mhòr ag innse mu bheathach a tha nas motha na duine, caol le guailnean mòra agus gàirdeanan fada. Eu-coltach ris na h-aithrisean eile, tha am fiosrachadh stèidhichte air fuaimean a chuala daoine seach rudan a chunnaic iad len sùilean. Tha a’ mhòrchuid ag innse mu fhuaim rudeigin mòr a’ coiseachd aig astar. A bharrachd air sin bidh cuid ag innse mu ‘faireachdainn neònach’ nach gabh mìneachadh a’ greimeachadh dhaoine, agus a’ toirt orra teicheadh aig astar le eagal am beatha.



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 2 *

Ach dè tha anns na rudan seo? An e rudan dhà-rìribh a th' anna? No, an e dìreach stòiridhean a th' anna agus mar sin tha an uilebheist ann an inntinn an duine? Tha eòlaichean a' toirt seachad diofar bheachdan a thaobh Fear Liath Mòr. Tha iad ag ràdh gur e an t-oidhirp a chosg daoine a' sreap beinn cho dùbhlanaich a dh'fhàg na smuaintean aca troimh-a-chèile. Tha cuid eile a' cur na corraig air suidheachadh sònraichte sìde eadar a' ghrian agus a' cheò a bhios a' cruthachadh ìomhaigh annasach coltach ri duine air an cùlaibh — rud ris an canar *Brocken Spectre*.

Ge bith dè th' ann, tha cuid de na h-uilebheistean leithid an *Yeti* agus Am Fear Liath Mòr fhathast a' glacadh aire dhaoine.

Cò aig a tha fios? A bheil e fìor neo nach eil? 'S dòcha gum feum sinn dìreach a bhith sàsaichte gur e an fheadhainn anns na filmichean na h-aon uilebheistean a chì sinn nar beatha . . .

[Tionndaidh an duilleag



Ceistean

1. Ainmich aon seòrsa uilebheist air am bi daoine a' smaoineachadh, a rèir na h-earrainne.

1

2. Cò às a thàinig am beachd an toiseach air dè bh' ann an uilebheist?

2

3. Carson a tha 'gun cheist sam bith' ann an cromagan turrach (' ')?

1

4. (a) Thoir geàrr-chunntas air mar a bha an *Yeti* coltach ri duine.

3



(b) Dè na dòighean anns an robh an *Yeti* eu-coltach ri mac an duine?

3

5. Carson a bha feadhainn amharasach mu chuid de na stòiridhean?

2

6. Dè a' phrìomh rud a leig le Eric Shipton 'fianais' fhaighinn de bheathach?

1

7. 'Dearbhadh mu dheireadh thall!'

1

Minich dè cho èifeachdach 's a tha an seantans seo.

8. Dè na trì rudan a thug air stòiridhean mun uilebheist a bhith a' fàs?

3



9. Dè an t-atharrachadh a rinn an dealbh aig Shipton do dhaoine?

2

10. Dè rinn an t-adhartas ann an saidheans soilleir?

2

11. Dè an dà rud mu Bheinn Mhic Dhuibh a tha a' cur ris na stòiridhean ceangailte rithe?

2

12. (a) Ciamar a bha na h-aithrisean mun Fhear Liath Mòr eadar-dhealaichte bho na stòiridhean mun *Yeti*?

2

(b) Carson a bhiodh daoine a' ruith air falbh on bheinn?

1



13. Dè am mìneachadh a tha aig eòlaichean air seallaidhean den Fhear Liath Mhòr? 2

14. Dè cho soirbheachail 's a tha an earrann air fad ann a bhith ag innse mu uilebheistean? Cleachd fianais bhon earrainn nad fhreagairt. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

[illegible]

* X 8 3 2 7 5 0 1 0 8 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

[illegible]

* X 8 3 2 7 5 0 1 0 9 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

[illegible]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

